

faileas

Fèisean nan Gàidheal's Newsletter • Iris 62 • Am Màrt 2017 • March 2017

FÈISTV TO BRING OUR CULTURE TO A WIDER AUDIENCE



Le taic bho Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig, tha Fèisean nan Gàidheal air leth toilichte an t-seirbheis ùr – FèisTV – fhoillseachadh a bheir cothrom do dhaoine air feadh an t-saoghail tachartasan fhaicinn beò air an eadar-lìon cho math ri ceòl traidiseanta agus òrain Ghàidhlig ionnsachadh air-loidhne.

'S e Oide an t-ainm a bhios air an earrainn de FèisTV a bhios a' toirt seachad seirbheis teagaisg. As a' chiad dol a-mach bidh seo ri fhaotainn mar sreathan de leasan a tha air an ro-chlàradh, ach thar ùine, agus mar a bhios meud bann-leathainn air a leasachadh, thathas an dòchas gum bi e comasach leasan beò a shruthadh.

Tha Fèisean nan Gàidheal an-dràsta a' sireadh thagraidhean bho luchd-teagaisg a dh'fhaodadh na ciad leasan a chur ri chèile airson FèisTV. Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig www.feisean.org/feistv-oide.

With the support of Creative Scotland, Highlands and Islands Enterprise and Bòrd na Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal are excited to be establishing FèisTV - a new service that will allow people across the world to enjoy events streamed from Fèisean, the Blas Festival and other performances in which we are involved.

In addition to this a brand new tuition service 'Oide' will be developed, offering a range of online traditional music and Gaelic song courses, delivered in the learner's choice of Gaelic or English. These will be recorded initially but, as broadband speeds improve, it is hoped that live online lessons will be offered in the future.

Fèisean nan Gàidheal are currently looking for contractors to submit proposals to offer the initial lessons through the Oide service. More information can be found at www.feisean.org/feistv-oide

There will also be a range of additional opportunities for people to get involved with FèisTV. Fèisean nan Gàidheal are keen to hear from individuals, both on a voluntary and professional basis, who have relevant skills and who are interested in working with them to deliver FèisTV services. For more information send an email to tv@feisean.org.



Photos courtesy of Matt Havey

FèisTV	1
Tasgadh Funds	1
Bùth-obrach Angus Nicolson Trio ...	2
Fèis Chataibh CD	2
Blas 2017	3
Fèis Ghàidhlig Ghlaschu	3
Fèisgoil Projects	4
Sgoil Shamhraidh Dràma	5
Hùb Hàb.....	6
FnG AGM	6



TASGADH FUNDS DISTRIBUTED

Rè 2016-17 bha Fèisean nan Gàidheal ag obair le Alba Chruthachail gus tabhartasan beaga a thoirt seachad do phròiseactan ealain dùthchasach.

Tha sinn an dòchas gum bi stòras againn airson 2017-18 cuideachd ged a tha sinn fhathast a' feitheamh air dearbhadh.

The Tasgadh small traditional arts grants scheme has been running again throughout 2016-17.

In the final round, grants totaling £12,533 were awarded to 23 projects.

During the year there were 77 applications with request totalling £65,261 for the £31,500 available.

There were 5 applications for dance projects, 11 for storytelling, 47 for music and 14 for multi-artform projects.

Once we have confirmation that Tasgadh is to continue we will publish guidelines and deadline dates for 2017-18.

ANGUS NICOLSON TRIO LEAD UIST WORKSHOPS



Chaidh bùth-obrach a chumail leis an Angus Nicolson Trio ann an Colaiste Bheinn na Faoghla Disathairne 4 Màrt air a ruith leis a' cholaiste ann an compàirteachas le Fèis Tìr an Eòrna agus Fèis Tìr a' Mhurain. Chaidh sàr-oideachadh a libhrigeadh do 13 compàirtiche le Angus Nicolson, Murdo Cameron agus Andrew MacPherson ann am piobaireachd, bodhran, giotàr agus bogsa-ciùil agus bha Ailis Sutherland agus Ilona Kennedy, dithis de dh'oileanaich ciùil na colaiste, ri làimh airson feadan agus fidheall a theagasg.

The Angus Nicolson Trio hosted an ensemble workshop at the college in Benbecula on Saturday 4th March which was run in partnership with Fèis Tìr an Eòrna and Fèis Tìr a' Mhurain. 13 participants were treated to a day of intensive tutoring with Angus Nicolson, Murdo Cameron and Andrew MacPherson in piping, chanter, bodhran, guitar and accordion and college students Ailis Sutherland and Ilona Kennedy were on hand to assist and teach pipes and fiddle.

Anna-Wendy Stevenson, who runs the music course in Benbecula and was involved in organising the event, said: "Lews Castle College were delighted to host the Angus Nicolson Trio Ensemble workshop. Angus is an alumni of the HNC music course in Benbecula and it is wonderful to welcome him back to the island in a teaching capacity. This workshop gave BA Applied Music students, fiddler Ilona Kennedy and piper Ailis Sutherland, the chance to work alongside experienced and inspirational workshop leaders and performers whilst getting to know other talented young musicians in Uist.

This workshop provided opportunities to develop performance skills, try something new, such as bodhran as well as arranging well-known Gaelic music repertoire. This was the first ensemble workshop event in partnership with Fèisean nan Gàidheal, and we look forward to offering more at the college in the future."

FÀS AIR FÈIS INBHIR NARAINN



Ma tha àireamhan compàirtiche na fèise a' lùghdachadh, dè 's urrainn dhut a dhèanamh? B' e sin a' cheist a bh' air Fèis Inbhir Narainn air thoiseach air a' phrìomh fhèis aca sa Ghearran 2017, 's iad mothachail gun robh crìonadh air an àireamh de chloinn a bha a' frithealadh na fèise o chionn ghoirid. Am fuasgladh? Clas ùr a' stèidheachadh a bha a' libhrigeadh dràma agus ealain do chloinn aois 7-10.

When Fèis participant numbers fall, what can you do? This is the question many Fèis committees face at some point, and the question on the minds of Fèis Inbhir Narainn ahead of their main February Fèis.

Their solution to help boost numbers again came in the form of a new class – Cleas is Ceòl – giving 7-10 year olds the chance to engage in a full afternoon of dràma and art with tutor Calum Barker. While the Fèis has a full programme of instrumental classes running throughout the year, the addition of drama attracted new kids, many of whom had never been to the Fèis before. The class proved very popular with all 15 spaces taken before the main Fèis day.

So successful was the Cleas & Ceòl session, the Fèis is now planning a further session later this year and hope to include it at next year's main Fèis (3rd March 2018.) For updates on this and all other Fèis Inbhir Narainn news, visit <http://www.nairnfeis.co.uk>.

FÈIS CHATAIBH LAUNCH NEW CD

Fèis Chataibh recently launched a new Cèilidh Trail CD with support from the Kilbraur Windfarm Community Benefit Trust.

The Cèilidh Trail is a cultural heritage project which gives young traditional musicians and singers the opportunity to take part in a professional summer tour. Fèis Chataibh is one of eight fèis Cèilidh Trail projects running in Scotland each year with support from Fèisean nan Gàidheal.

There were seven members in this the 2016 Fèis Chataibh Cèilidh Trail and the group spent a very busy three weeks touring Sutherland and Caithness performing at ceilidhs, concerts, sessions and even appeared at the Belladrum festival.

After their tour ended the group set up a portable studio in the Fountain Road Church Halls in Golspie where they recorded a five track CD with acclaimed musician and sound engineer Gordon Gunn at the helm. Amongst the tracks are a Gaelic song by the famous Sutherland bard Rob Donn Mackay and a Scots song by Robert Burns.

Fèis Chataibh Cèilidh Trail Co-ordinator Mhairi Mackinnon said,

"We're delighted with our young band and all the hard work and effort they've put in to this project and I think these efforts are evident in the high quality CD they've produced. The Cèilidh Trail is a great opportunity to develop musical and performance skills with help and training from professionals, and I think recording a CD enhances these skills even further, giving the group even more of an idea of what it is like to be a member of professional band.

We are very grateful to the Kilbraur Windfarm Community Benefit Trust for their support with the CD, to Fèisean nan Gàidheal for their help with the scheme and to Gordon Gunn who made the recording a rewarding experience for all involved."

The Fèis Chataibh Cèilidh Trail CD 2016 is now on sale in local shops for £6, or directly from the Fèis through their Facebook page or email: feischataibh@yahoo.co.uk.



BLAS TO GO AHEAD AS NORMAL IN 2017



Ged a bha teagamhan ann mu fhèis Blas agus Comhairle na Gàidhealtachd a' dèanamh a dichill am buidseat a chothromachach, rinn sinn gàirdeachas ris an naidheachd gum bi an fhèis a' dol air adhart san t-Sultain mar as àbhaist.

Ged a dh'fhàg an co-dhùnadh fadalach sinn prògram a chur ri chèile, tha sinn an dùil gum bi prògram loma-làn de chèilidhean, cuirmean, tachartasan ann an sgoiltean, ceòl ann an ospadail is dachaighean-cùraim is eile air a chur air dòigh air thoiseach air clàr na fèise fhoillseachadh uaireigin san Ògmhios.

We are delighted that, despite doubts due to budget constraints, The Highland Council confirmed its funding would be available to run the Blas Festival as normal in 2017. The Blas programming group is now working hard to pull together a programme of concerts, cèilidhs, schools and community events with the aim of launching the festival programme in June.

After the 2016 festival Donna Macrae, who had worked on Blas since its inception through her company Firefly Productions, decided she wanted to pursue other interests. We are hugely grateful for all that Donna did to bring Blas to fruition each year. Her energy and efficiency was boundless.

Following a tender process, Chrissie Macrae from Lewis has been contracted to take on some of the administrative work required to pull the festival programme together and will be working closely with the Programming Group.

Keep an eye on www.blas-festival.com for further details of the Blas 2017 programme.

FUARAN SINGERS DELIGHT AUDIENCES



Bha turas air leth soirbheachail aig seinneadairean Fuaran gu Glaschu san Fhaoilleach is iad a' seinn aig an fhèis ainmeil Celtic Connections. Ghabh ochdnar bhon phròiseact pàirt sa chuir a rinn taisbeanadh air na h-òrain Ghàidhlig a rannsaich iad anns na sgìrean aca fhèin air beulaibh talla làn, èasgaidh.

Chithear bhideothan bhon chonsart air an t-sianail Youtube againn, is bidh cothrom eile Fuaran fhaicinn beò aig Tradfest ann an Dùn Èideann, Diardaoin 27 den Ghiblean anns an Ionad Storytelling. Gheibhear tiogaidean agus fiosrachadh aig <http://www.tracscotland.org/festivals/tradfest>

Our Fuaran singers enjoyed a successful trip to Glasgow this January with a performance at the world-renowned festival Celtic Connections. Eight singers took to the stage in a packed Strathclyde Suite for a top quality and well-received showcase of the Gaelic songs researched during the Fuaran project

Fuaran will be again performing live at Tradfest in Edinburgh on Thursday 27th April – for tickets and information please visit <http://www.tracscotland.org/festivals/tradfest>.



COINNEAMH ÈIGINNEACH FÈIS GHÀIDHLIG GHLASCHU

Tha Fèis Ghàidhlig Ghlaschu air coinneamh èiginneach a ghairm gus comataidh ùr a thogail agus tachartasan fèise tro mheadhan na Gàidhlig do dh'òigridh Ghlaschu a leasachadh.

Thèid a' choinneamh a chumail Diardaoin 20 den Ghiblean ann an Theatar Òigridh na h-Alba air Sràid Brunswick, Glaschu bho 7.30f, agus bidh fàilte ron a h-uile duine. Tha Fèis Ghàidhlig Ghlaschu a' sireadh dhaoine airson comataidh ùr, a' gabhail a-staigh cathraiche, ionmhasair, rùnaire agus buill àbhaisteach. Cuideachd, cuiridh an fhèis fàilte chridheil air duine aig am biodh ùidh cuideachadh practaigeach a thoirt seachad aig tachartasan fèise.

Fèis Ghàidhlig Ghlaschu have called an Extraordinary General Meeting in order to recruit a new committee to develop Gaelic- medium fèis activity in Glasgow. The EGM will be held on Thursday 20th April in the Scottish Youth Theatre, 105 Brunswick Street from 7.30pm. All are welcome to the meeting. Fèis Ghàidhlig Ghlaschu aims to recruit a new organising committee, including a chairperson, treasurer, secretary and ordinary members. The fèis would also welcome new volunteers who can offer help at fèis events.

Fèisean nan Gàidheal CEO Arthur Cormack said, "Unfortunately for several years there has been no fèis activity in Glasgow and Fèis Ghàidhlig Ghlaschu is very keen to re-establish a Gaelic-medium fèis in the city.

There is a clear gap for such a fèis but a new committee is urgently needed in order to move things forward. We at Fèisean nan Gàidheal would encourage anyone with an interest in a Gaelic-medium fèis in Glasgow to get involved and help to make sure that young Gaelic speakers in Glasgow have the opportunity to participate and progress in the traditional arts."

If you would like more information, or if you would like to register your view, please contact Fèisean nan Gàidheal Development Officer Rachel Harris on 01463 225559 / rachel@feisean.org.



BLASAD GÀIDHLIG TRO FÈISGOIL

An teirmsa, chaidh ceathrar a-mach gu seachd sgoiltean is sgoiltean-àraich ann an sgìre na h-Eaglaise Brice airson seiseanan Blasad Gàidhlig a libhrigeadh do sgoilearan is luchd-teagaisg. Thòisich Blasad Gàidhlig san sgìre bho chionn faisg air bliadhna is tha cuid de na sgoiltean a' cur ris na sgìlean Gàidhlig aca is cuid eile aig an fhìor thoiseach.

Tha Blasad Gàidhlig a' ruith ann an dòighean eadar-dhealaichte a rèir an iarrtais ionadail. Mar eisimpleir, ann an Lannraig a Tuath thadhail oide air na sgoilearan is luchd-teagaisg airson latha slàn dà thuras mar-thà, le latha eile fhathast air fàire. Tha an sgoil fhèin a' taghadh chuspairean – an Nollaig agus aodach chun na h-ìre-sa agus biadh an ath theirm.

Aig deireadh a' Mhàirt thèid Linda NicLeòid, prìomh oide Fèisgoil, do na còig bun-sgoiltean ann an Ìle is Diùra airson taic Gàidhlig a thoirt don chloinn is an luchd-teagaisg.

Tha Blasad Gàidhlig ga leasachadh ann an iomadh sgìre comhairle air feadh na dùthcha is tha sinn daonnan a' lorg dhaoine ùra le sgìlean freagarrach airson an t-seirbheis a libhrigeadh.



Blasad Gàidhlig, our Gaelic language and culture sessions being run through our Fèisgoil service, continue to develop in Falkirk with seven schools now receiving weekly sessions from our team of tutors Linda Macleod, Eilidh Cormack, Maeve Mackinnon and Annabel MacIennan. This term we have been concentrating on early years in particular.

The geography of Scotland means that Blasad Gàidhlig runs in different formats for different local authorities.

In Gartcosh Primary in North Lanark we have run three separate full days as tasters, packed with vocabulary acquisition and Gaelic confidence through topic-based songs and games for children in P5-7. Linda Macleod and Eilidh Cormack have visited the school and the children really enjoyed these visits as you can see from the photos and quotes they sent us. Next term Norrie Maciver will be our guest tutor.

At the end of this month, we are running a week of classes with our tutor, Linda Macleod in Islay and Jura. Linda will spend full days with staff and pupils in each of the five schools.

These developments are taking place throughout the country, in different local authorities and we are delighted to announce that we will be working alongside The Highland Council in April to deliver similar sessions to children in schools within the Highlands who have chosen Gaelic as their L2 in the language 1+2 initiative.

If you are interested in delivering Blasad Gàidhlig sessions, please get in touch with Eilidh Mackenzie, our Fèisgoil Manager, on 01463 225559 or email eilidh@feisean.org and look out for an upcoming Blasad Gàidhlig training day for potential new tutors.

Don't just take our word for it... here are some views from Gartcosh Primary School:

It was really interesting learning all the names for clothes. It was fun learning the song about clothes and I liked playing games in Gaelic.

Rachel P5

It was entertaining and fun.

Adam P7

The pupils were really excited about the Fèisgoil workshop. There was a great mix of music, games and new vocabulary. Pupils were able to consolidate prior learning while building upon existing knowledge.

Mrs Neilly

I thought it was very interesting and we learned lots of Gaelic vocabulary. I am really looking forward to the next time Fèisgoil visit.

Thomas P7

We learned a new song about clothes. We hope to sing it at assembly.

Reilly P7

I thought it was really good. Eilidh was very interesting and told us all about the island of Skye and speaking Gaelic.

Cameron P5

FÈISGOIL AGUS ÀRAINNEACHD EACHDRAIDHEIL ALBA

Tha Fèisgoil an sàs le dà phròiseact sònraichte aig Caisteal Dhùn Èideann, co-iomairt eadar Fèisean nan Gàidheal agus Àrainneachd Eachdraidheil Alba a' dèiligeadh ri eachdraidh Ghàidhlig a' chaisteil. Tha Ailean (Òg) Dòmhnallach agus an sgeulaiche didsiteach, Emily Dodd, ag obair còmhla ri sgoilearan ann am P5 aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce gus filmichean goirid a chur air dòigh. Bidh 'premiere' aca an ath-mhios.

A bharrachd air sin, tha Eòghann MacEanraig ag obair le sgoilearan bho iomadh sgoil, cuid le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus cuid le sgoilearan a tha dìreach a' tòiseachadh air Gàidhlig ionnsachadh tron sgeama cànan 1+2.

FÈISGOIL DRAMA SUPPORT FOR UIST SCHOOLS

Four schools in the Uists benefited from Gaelic-medium drama workshops co-ordinated by the Fèisgoil service in the four weeks leading up to Fèis Dhràma Uibhist.

Prior to the Fèis, held on the 8th and 9th of March, support and direction were provided by freelance drama worker and actor Calum MacDonald, who was employed by Fèisean nan Gàidheal to deliver drama support for participating primary schools through the Fèisgoil Gaelic arts and education service.

Fèis Dhràma Uibhist is a festival of Gaelic plays performed and produced by local primary schools. This year Sgoil Dhalabroig, Sgoil an Iochdair and Sgoil Bhail' a' Mhanaich participated in the festival. Their work in developing and rehearsing their plays culminated in two public performances at Sgoil Lionacleit Theatre.

In addition, Calum was able to deliver Gaelic-medium drama skills workshops with groups from Sgoil Uibhist a Tuath in Bayhead.

Fèisean nan Gàidheal's Fèisgoil service regularly co-ordinates the provision of Gaelic-medium drama support for primary schools for a wide variety of projects.

For more information contact Angus Macleod at the Inverness office on 01463 225 559 or email angus@feisean.org

GABHAIBH PÀIRT SAN SGOIL SHAMHRAIDH DRÀMA 2017



Bidh Sgoil Shamhraidh Dràma na bliadhna a' gabhail àite ann am Port Rìgh eadar Diluain 3 agus Disathairne 15 Iuchar. Tha i fosgailte do dheugairean a bhruidhneas Gàidhlig a bhios eadar 13 agus 18 bliadhna a dh'aois.

Fòrmat Ùr:

Tha dà roghainn aig tagraichean am bliadhna – 6 làithean no 12 làithean.

• Ma roghnaicheas tu 6 latha, tòisichidh tu feasgar Diluain 6 Iuchar agus crìochnachaidh tu madainn na Sàbaid 8 Iuchar. Cosgaidh seo £100.

• Ma roghnaicheas tu 12 latha, tòisichidh tu aig an aon àm air feasgar Diluain 3 Iuchar, ach crìochnachaidh tu madainn Disathairne 15 Iuchar. Cosgaidh seo £150.

Ma bhios feum air taic le cosgaisean a' chùrsa gabhaidh còmhraidh a chumail le pàrant/neach-dion mu dheidhinn. Thèid dèiligeadh ri d'fhiosrachadh gu dìomhair.

Gheibh a h-uile compàirtiche san Sgoil an aon chlàr-ama de bhùthan-obrach 's cur-seachadan air a' chiad seachdain.

Gheibh compàirtichean a dh'fhuiricheas airson 12 latha cothrom pàirt a ghabhail ann an co-dhiù aon taisbeanadh poblach aig deireadh na Sgoile, far an tèid an obair aca a taisbeanadh.

Ma dh'fhàsas na h-àiteanan còmhnaidh a tha rim faotainn aig an Sgoil Shamhraidh Dràma teann thèid prìomhachas a thoirt do thagraichean a tha ag iarraidh pàirt a gabhail san Sgoil air fad.

Foirm-iarrtais:

Gus àite fhaighinn aig Sgoil Shamhraidh Dràma na bliadhna chan fheum thu ach ar foirm-iarrtais air-loidhne a lionadh a lorgar aig www.feisean.org/ssd

Ma tha ceistean sam bith agad mun Sgoil Shamhraidh Dràma no mun fhoirm-iarrtais cuir fios gu Oifigear Dràma Fèisean nan Gàidheal Aonghas MacLeòid air post-d: angus@feisean.org no fòn: 01463 225559.

This year's Gaelic Drama Summer School will take place in Portree between Monday 3rd and Saturday 15th of July. Gaelic speaking teenagers aged between 13 and 18 at the time of the School are welcome to apply.

New format:

There are two options available to this year's applicants – 6 days or 12 days.

• The 6 day option will begin on the afternoon of Monday 3rd July and finish on the morning of Sunday 9th July. It will cost £100.

• The 12 day option will also begin on Monday 3rd July but will finish on the morning of Saturday 15th July. It will cost £150.

If financial assistance is required for the School fee we will contact your parent/guardian directly to discuss possibilities. Your information will be treated confidentially.

The timetable for the first week of workshops and activities will be the same for all participants.

Those taking part in the 12-day-programme will participate in at least one public performance at the end of the School, showcasing the pieces they've developed.

If residential places available at the School become limited, priority will be given to applicants registering for the 12 day option.

Application form:

To apply for a place at this year's Gaelic Drama Summer School simply fill in the online application form which can be found at www.feisean.org/ssd

For more information about the Summer School contact Angus MacLeod our Drama Officer on 01463 225 559 or email angus@feisean.org.

DUAIS FILMG AIRSON SSD2016

Bha sinn air ar dòigh leis an naidheachd gun do bhuannaich an fhilm ghoirid *Faigh Wi-Fi!* leis an Sgoil Shamhraidh Dràma duais anns an roinn Òigridh aig FilmG airson am Film As Fheàrr

Bha naoinear de na compàirtichean an làthair aig Cuirm Dhuaisean FilmG a chaidh a chumail aig The Old Fruitmarket, Glaschu air Dihaoine 17 Gearran. Air an oidhche fhuair iad cothrom coinneachadh ri Leas Phrìomh Mhinistear na h-Alba, Iain Swinney BPA a thug dhaibh an duais agus a thog 'fèineag' leis an sgioba a sgaoil e air Twitter as dèidh làimhe.

Faodar an fhilm fhaicinn air-loidhne agus lorgar ceangal dhan fhilm le fiosrachadh mu dheidhinn Sgoil Shamhraidh Dràma na bliadhna air ar làrach-lìn aig www.feisean.org/ssd

We were delighted with the news that the short Gaelic film *Faigh Wi-Fi!* by last year's Gaelic Drama Summer School was the winner of FilmG's Youth category for Best Film.

Several of the participants collected their award at the ceremony held at the Old Fruitmarket, Glasgow on Friday 17th February. On the night they had the opportunity to meet Deputy First Minister John Swinney who presented them with the award and marked the occasion by taking a selfie with the group which he shared afterwards on Twitter.

The winning film can be viewed online and a link to the film along with information about this year's Gaelic Drama Summer School can be found on our website at www.feisean.org/ssd



DEALBH-CHLUICH ÙR MU CHUMAIDHEAN DO CHLANN ÒGA



Annas a' Mhàrt, chaidh an dealbh-chluich ùr 'Cumaidhean Ceòlmhor' air chuairt airson trì làithean deug ann an sgìre Earra-Ghàidheal agus sa Chrìos Mheadhanach.

Freagarrach do chlann òga ann an sgoiltean-àraich agus sgoilearan òga sa bhun-sgoil, tha na caractaran san dealbh-chluich, Hùb agus Hàb, a' cur eòlas air cumaidhean eadar-dhealaichte tro òrain, ceòl agus spùinneadair càrdeil dom b' ainm Seonaidh.

Bha an turas a' ruith eadar Diluain 13 agus Diciadain 29 Màrt le taisbeanaidhean aig sgoiltean-àraich agus bun-sgoiltean ann an Grianaig, Dùn Omhainn, Ìle, An t-Òban, Apainn, Glaschu, Comar nan Allt, Drochaid an Easbaig, Cille Brìghde an Ear, Cille Mheàrnaig, Dùn Èideann agus san Eaglais Bhric. Thathar an dùil cothrom fhaighinn a thaisbeanadh ann an sgìrean eile san dùthaich nas fhaide air adhart sa bhliadhna.

Ged a bha a' mhòr-chuid de thaisbeanaidhean airson clann le Gàidhlig, fhuair sgoilearan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig cothrom an dealbh-chluich fhaicinn nuair a chaidh a thaisbeanadh ann an sgoiltean ann an Ìle agus san Eaglais Bhric. Tha sgoiltean sna sgìrean seo ag ionnsachadh Gàidhlig tron iomairt 'Blasad Gàidhlig' aig Fèisgoil.

'S e pròiseact teatar a tha ag amas air clann anns na tràth-bhliadhnaichean a th'ann an Hùb Hàb a th' air a libhreagadh tron t-seirbheis Fèisgoil aig Fèisean nan Gàidheal. Tha sinn gu mòr an comain maoineachadh a fhuaras bho Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail airson seo a chur air dòigh.

Tha an dealbh-chluich a' leantainn air soirbheachadh 'Hùb Hàb air Ghleus' a chaidh air chuairt air feadh na dùthcha an-uiridh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn 'Hùb Hàb' no na pròiseactan dràma eile a th' aig Fèisean nan Gàidheal cuiribh fios gu Aonghas MacLeòid air 01463 225 559 no angus@feisean.org

In March, a thirteen-day tour of Fèisean nan Gàidheal's Gaelic language play 'Cumaidhean Ceòlmhor' (Musical Shapes) took place in Argyllshire and the Central Belt.

Suitable for young children of nursery and lower primary age, the two characters in the play, Hùb and Hàb, introduce the children to shapes using Gaelic song, music and a friendly pirate called Seonaidh.

This tour took place between Monday 13th and Wednesday 29th March with performances at schools and nurseries in Greenock, Dunoon, Islay, Oban, Appin, Glasgow, Cumbernauld, Bishopbriggs, East Kilbride, Kilmarnock, Edinburgh and Falkirk. It is hoped that the play will be toured in other regions of the country later on in the year.

Although most of the performances were for Gaelic speakers, children learning Gaelic through the Fèisgoil Gaelic Taster project 'Blasad Gàidhlig' also had the opportunity to enjoy the show when it visited several primary schools in Islay and Falkirk.

The Hùb Hàb early years theatre-in-education project is delivered through Fèisean nan Gàidheal's Fèisgoil service and is made possible by funding received from Bòrd na Gàidhlig and Creative Scotland.

AGM & CONFERENCE 2017

Thèid Coinneamh Bhliadhna agus Co-labhairt Fèisean nan Gàidheal 2017 a chumail ann an Taigh-òsta Bhaile Chaolais. Bidh ceòl agus òrain bho òigridh Fèis Lochabair agus dinnear le dannsa às a dèidh. Thèid seo a chumail air Dihaoine 22 agus Disathairne 23 An t-Sultain agus thathar an dùil gum bi slugh an làthair à fèisean bho air feadh na dùthcha. Cuiridh sinn fàilte chridheil air riochdairean bho Fèis Lochabair a tha a' comharrachadh còig bliadhna fichead am-bliadhna. Thathar an dòchas gun tig co-dhiù aon riochdaire às gach fèis ach gu h-àraid bho Fèis Latharna, Fèis na h-Apainne agus Fèis an Tairbeirt agus sinn ann an sgìre Earra-Ghàidheal. Tha sinn cuideachd nas fhaise air Fèis Mhuile, Thiriodh, Ìle agus Dhiùra cuideachd - bidh e math ur faicinn uile!

The Annual General Meeting of Fèisean nan Gàidheal will be held in the Ballachulish Hotel, on Friday 22 September 2017. Representatives from all the Fèisean across Scotland will be in attendance. We warmly welcome representatives from Fèis Lochabair who are celebrating a 25-year anniversary this year. We also hope to see Fèis Latharna, Fèis na h-Apainne and Fèis an Tairbeirt represented as we are in the Argyll area. We're closer to home too for the Argyll based island Fèisean. We hope to welcome at least one representative from each Fèis to the event, as it is the only time of year everyone can get together.

It is also a great opportunity for collective training. If you have any ideas or training needs please contact anne@feisean.org

There will be a Reception featuring young people from Fèis Lochabair and a Cèilidh following the dinner. The Conference will take place on Saturday 23 September, with a varied mix of presentations and workshops.

More information and programme will be available on our website www.feisean.org in due course.

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org